

DREUCHD	Priomh Chòcaire
ROINN	Aoigheachd
FO STIÙIR	Manaidsear Aoigheachd
UALLACH AIRSON	Sgioba a' Chidsin
ÌRE TUARASTAIL	£27,925 - £31,661
ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach IV44 8QR

#### ADHBHAR NA DREUCHD

Tha e an urra ris a' Phrìomh Chòcaire dèanamh cinnteach gum bithear daonnan a' coileanadh sàr ìrean-obrach san roinn a thaobh ullachadh bìdh agus slàinteachas agus gum bi biadh fìor mhath ga thoirt seachad a rèir nan ìrean-obrach àrda sin. Seo dreuchd far am bi thu gu mòr an sàs anns gach nì, agus far am feum thu a bhith mionaideach is dùrachdach nad obair.

#### PRÌOMH DHLEASTANASAN

##### Priomh Obair

- A' stiùireadh obair a' chidsin bho latha gu latha
- A' stiùireadh mar a thèid am biadh air fad ullachadh
- A' dèanamh cinnteach gun tèid biadh ullachadh a rèir riatanasan ullachaidh airson biadh
- A' dèanamh cinnteach gun tèid biadh a thoirt seachad ann an deagh àm, agus gum bi biadh gu leòr ann
- A' dèanamh cinnteach gu bheil biadh is stuthan-bìdh gu leòr sa chidsin
- Bìdh thu deònach a bhith ag obair aig tachartasan sònraichte airson dèanamh cinnteach gun tèid am biadh ullachadh is a thoirt seachad mar a bu chòir

##### A' stiùireadh sgioba a' chidsin uile

- A' dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach air na dleastanasan aca agus air na thathar a' sùileachadh a choileanas iad nan obair
- Ag ionnsachadh sgilean do luchd-obrach ùra a bhios a dhìth orra gus an obair aca a dhèanamh gu ìre fhreagarrach
- A' buileachadh dhleastanasan air luchd-obrach a' chidsin a rèir na bhios a dhìth leis a' chlàr-bhìdh a thathar a' tabhann
- A' stiùireadh is a' cumail sùil air obair luchd-obrach a' chidsin airson dèanamh cinnteach gun tèid an obair uile a dhèanamh
- A' toirt mholaidhean is bheachdan do luchd-obrach a thaobh nan ìrean-coileanaidh aca gus an urrainn dhaibh adhartas a dhèanamh nan dreuchd
- A' dèanamh cinnteach gun tèid fuasgladh fhaighinn gu cothromach is gun dàil air cùisean no trioblaidean sam bith co-cheangailte ri luchd-obrach

##### A' cumail rian air solar is stuthan a' chidsin

- A' dèanamh cinnteach gum bi cho beag ana-caitheimh 's as urrainn ann le bhith a' cumail sùil air mar a thèid am biadh ullachadh
- A' dèanamh cinnteach gun tèid dòighean-stòraidh slàinteachail a chleachdadh gus nach bi biadh a' dol a dholaidh
- A' dèanamh cinnteach gun tèid deoch-làidir agus deochan eile a chumail gu tèarainte

- A’ stiùireadh mar a thèid stuthan òrdachadh is a’ cumail rian air na th’ ann de stuthan is biadh a tha sa chidsin
- A’ gabhail dlùth ealla ri buidseatan-obrach na roinne airson dèanamh cinnteach gun tèid cosgaisean a chumail fo rian airson gum bi ìrean cosgais freagarrach ann

#### A’ dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a’ chidsin daonnan ag obair gu sàbhailte

- A’ dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach air na dòighean-obrach sàbhailte agus gum bi iad ag obair dhan rèir
- A’ cuideachadh luchd-obrach eile le bhith a’ glanadh a’ chidsin aig deireadh na h-ùine-obrach
- A’ dèanamh cinnteach gun tèid gach àite-obrach a chumail glan is slàinteachail daonnan

#### Comasan an Neach-obrach

	Comasan riatanach	Comasan a bhiodh nam buannachd	Modh-measaidh – Iarrtas no Agallamh
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	Còcaire <b>Barantaichte</b>		Iarrtas
Sgilean	Math air cumail ris an uair, rianail agus earbsach  Sàr sgilean conaltraidh  Comasach air luchd-obrach a mhisneachadh  Comasach air fuasglaidhean a lorg airson trioblaidean  Comasach air dleastanasan a bhuileachadh air càch		Agallamh
Eòlas	Eòlas air a bhith ag obair san t-seòrsa dreuchd seo  Eòlas air a bhith a’ stiùireadh sgioba		

**Commented [AC1]:** Have assumed that qualified chef means having some kind of qualification.

#### Uairean gach Seachdain

35 uairean a thìde gach seachdain, agus ùine a bharrachd.

#### Fòrladh Bliadhna

35 latha a’ gabhail a-steach làithean-saora poblach (feumar cuid dhiubh a ghabhail aig àm na Nollaig).